

## Muinntireas Luchd-ealain

Le taic bho Stèidheachd Esmée Fairbairn

### Tar-shealladh

Am-bliadhna agus tro 2022 gus am Màrt 2023, bidh sinn a' cur taic ri 12 Muinntireasan/Còmhnaidheachdan Luchd-ealain. Tha iad sin airson beachd-smuain no pròiseact a leasachadh, le taic bho bhuidseat ainmichte, farsaingeachd stiùidio agus uidheam, cothrom air comhairle is eòlas teicnigeach.

### **DISCOVER RESIDENCIES**

Thèid £5,000 a bhuileachadh air 8 luchd-ealain agus tha suas ri 2 sheachdain de dh'ùine san stiudio aig gach neach (taobh a-staigh dà mhìos), a' cuimseachadh air rannsachadh is leasachadh, lorg agus com-pàirteachadh ann am beachd-smuain no pròiseact ùr.

- Cuairt 1 – Foirm tagraidh. **Ceann-latha: Didòmhnaich 13 Màrt 2022 aig 11.59f.**

### **DEVELOP RESIDENCIES**

Thèid £20,000 a bhuileachadh air 4 luchd-ealain agus tha suas ri 6 seachdainean de dh'ùine san stiudio aig gach neach (làithean taobh a-staigh 6 mìosan), a' cuimseachadh air leasachadh beachd-smuain chun na ciad ìre dreach.

- Cuairt 1: Nochdadh ùidh. **Ceann-latha: Diluain 21 Màrt 2022 aig 11.59f.**
- Cuairt 2: Cuireadh do luchd-ealain air a' gheàrr-liosta tagradh a chur a-steach. **Ceann-latha: Tràth sa Chèitean 2022 (ri chonaltradh do thagraichean air a' gheàrr-liosta)**

Cùm a' leughadh airson barrachd mion-fhiosrachaidh gus do chuideachadh a' co-dhùnadh dè am muinntireas/còmhnaidheachd as fheàrr dhut.

### **ALTERNATIVE FORMATS**

Tha am fiosrachadh seo ri fhaotainn sna cruthan a leanas air an làrach-lìn.

- Easy Read
- Cànan Soidhnigidh Bhreatainn
- Gàidhlig

Am bu thoigh leat am fiosrachadh ann an cruth eile leithid cànan diofraichte? Airson seo no cuideachadh sam bith eile leis an tagradh, cuir fios thugainn air [artistresidency@nationaltheatrescotland.com](mailto:artistresidency@nationaltheatrescotland.com)

## Mu Phrògram Còmhnaidheachd Luchd-ealain

*“Nuair a dhùin taighean-cluiche an dorsan sa Mhàrt 2020, chuir sinn stad air ar prògram de chothroman cunbhalach pàighte do luchd-ealain ann an dòchas nach seasadh an glasadh-sluaigh ach beagan mhìosan aig a’ char as motha. An àite sin, tha buaidh leantainneach a’ phandamaig air toirt oirnn ath-smaoineachadh gu tur air mar a thèid sinn air adhart a’ freagairt air na neo-ionannachdan meudaichte nar gnìomhachas.*

*An dèidh sgrùdadh mionaideach air gach nì a tha sinn air ionnsachadh bho thrì bliadhna de ghnìomhachd san t-Seòmar Einnsein, agus co-chomhairleachadh le raon de luchd-obrach neo-cheangailte tarsainn chruthan ealain, dreuchdan is cùl-raointean, tha sinn air modal ùr de chothroman fosgailte a cho-dhealbhadh, a tha a’ suidheachadh togail dhàimhean fad-amail le luchd-ealain aig nach robh àrd-ùrlar fhathast aig Theatar Nàiseanta na h-Alba aig a chridhe. Tron tairgse de ghòireas ionmhasail nas motha agus nas fhaide de chòmhnaidheachdan fighte leis a’ Chompanaidh, tha sinn airson guthan agus pròiseactan ùra a thogail a bheir buaidh air ar prògraman ri teachd agus cruth-tìre Gnìomhaidh is Theatar na h-Alba atharrachadh.” **Jackie Wylie, Stiùiriche Ealanta***

A’ togail air a’ phrògram Engine Room Starter a bh’ againn roimhe, tha sinn an dòchas tro na còmhnaidheachdan sin dàimhean le luchd-ealain a thogail agus a dhoimhneachadh. Rannsaichidh sinn cuideachd na pròiseactan a dh’fhaodadh a bhith air an leasachadh againn san àm ri teachd.

Airson nan còmhnaidheachdan sin, tha sinn a’ sireadh Luchd-ealain as urrainn dèiligeadh ri àireamh de ar prìomhachasan sa phrògram ann an dòighean ùr-ghnàthach agus inntinneach. Tha na prìomhachasan sin tarsainn tèama, cruth agus eòlas. Is iad sin:

### Luachan / tèaman:

- Obair a tha a’ rannsachadh ceartas gnàth-shìde (leithid atharrachadh gnàth-shìde, àrainneachd nàdarra, seasmhachd, glèidhteachas, coimhearsnachdan as so-leònte / a’ fulang atharrachaidhean dian san àrainneachd).
- Obair a tha tlachdmhor agus togarrach do luchd-èisteachd (nochdadh no ag adhbhrachadh mòr-thlachd agus toileachas).

### Cruth:

- Obair as urrainn a dhol air chuairt gu tallachan bhailtean dùthchail is iomallach air feadh Alba air fad.
- Obair a tha dèante le agus/no a’ rannsachadh theicneòlasan ùra.

### **Cùl-raon / Eòlas coileanaichte:**

- Obair le luchd-ealain aig a bheil dualchas bho dhiaspora Ceann a Deas Àisia.
- Obair le luchd-ealain a tha ciorramach, bodhar, niùro-iomsgarach, agus eòlasan co-cheangailte eile, a' gabhail a-steach tinneas maireannach agus droch shlàinte inntinn.

### **Airidheachd**

#### **Tha am prògram seo airson:**

- Luchd-ealain bho chruth ealain sam bith a tha airson pìos ùr obrach a dhèanamh a tha na ghnìomhadh beò, no na obair dhidseatach/air-loidhne, no dh'fhaodadh e a bhith tar-chinealach.
- Luchd-ealain aig a bheil eòlas proifeiseanta (tha sinn a' brosnachadh thagraidhean bhuapasan a tha tràth nan dreuchd sa ghnìomhachas a thuilleadh air feadhainn ann an dreuchd ùr chruthachail).
- Luchd-ealain le pròiseact a tha freagarrach do co-dhiù aon de na prìomhachasan prògraim againn air an liosta gu h-àrd.
- Luchd-ealain a tha stèidhichte agus ag obair ann an Alba.
- Luchd-ealain a tha 18 + bliadhna a dh'aois.

Tha sinn gu gnìomhach a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-chruthachail nach robh ag obair againn roimhe.

Ann an tuigsinn nam mòran chnapan-starra sa ghnìomhachas, gus tuilleadh iomallachaidh agus às-dhùnaidh a lùghdachadh agus gus prògram ealanta a thogail a tha a' nochdadh iomadachd na h-Alba, tha sinn a' prìomhachadh thagraidhean bho luchd-ealain:

- a tha Dubh, Donn, Daoine de Dhath, bhon diaspora Afraganach, an diaspora Cairibianach, diaspora Àisia an Ear, diaspora Ear-dheas Àisia, diaspora Àisia a Deas, diaspora Àisia an Iar agus diaspora an Ear Mheadhanaich, Latinx, tùsanaich, dualchas dà-chinnidheach / ioma-dhualchas.
- a tha bho ghnèithean air an iomall, a' gabhail a-steach boireannaich, fir targhnèitheach, neo-bhinearaidh, neo-ghèilleadh gnèithe, dà-spioradach, neo-ghnèitheach, daoine gnè-shùbailte. A thuilleadh air daoine bho ghnèithean is ghnèitheachd iomallaichte; a' gabhail a-steach daoine eadar-sheòrsach, agus buill sam bith eile de choimhearsnachd LGBTQIA+
- a tha ciorramach, bodhar, niùro-iomsgarach, agus/no bho eòlasan co-cheangailte, a' gabhail a-steach tinneas maireannach agus droch shlàinte inntinn.
- A tha bho fhàirdeach air teachd-a-steach ìosal.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-ealain a tha stèidhichte taobh a-muigh meadhan Alba, a tha a' labhairt / cleachdadh chànanan ìochdaraichte na h-Alba, a thuilleadh air luchd-ealain a tha bho choimhearsnachdan a tha air a bhith às-dhùinte gu h-eachdraidheil mar thoradh air an cultar agus an cinnidheachd.

Cha bhiodh e coltach dhuinn neach-ealain a thaghadh

- a tha air a bhith na phrìomh neach-ealain (leithid dràmadair, stiùiriche) ann an gnìomhadh prìomh àrd-ùrlair le Theatar Nàiseanta na h-Alba.
- a tha ann am foghlam làn-thìde.
- aig an robh 3 obraichean a bha air an coimiseanadh agus làn mhaoinichte – le ionad-cruinneachaidh no companaidh bhon chiad ìre leasachaidh gu gnìomhadh riochdaichte gu proifeiseanta, air a thaisbeanadh air sgèile prìomh àrd-ùrlar.

## Seòrsaichean de Chòmhnaidheachd

Tha dà sheòrsa còmhnaidheachd ri fhaotainn do am faodar tagradh:

### Lorg

- 8 Còmhnaidheachdan ri fhaotainn
- 2 sheachdain de dh'obair (thar ùine 2 mhios eadar Cèitean - Ògmhios 22 no Faoilleach - Gearran 23)
- Buidseat de £5000

### Leasaich

- 4 Còmhnaidheachdan ri fhaotainn
- 6 seachdainean de dh'obair (thar 6 mìosan eadar Iuchar 2022 – Màrt 2023)
- Buidseat de £20,000

**Lorg:** Tha na còmhnaidheachdan sin a' cuimseachadh air lorg, dèanamh rannsachadh agus ciad leasachadh air beachd-smuain no pròiseact ùr. Buidseat de £5,000 airson tuarastal a' phrìomh neach-ealain (stèidhichte air 2 sheachdain de an ùine), cosgaisean pròiseict agus stuthan. Bidh na còmhnaidheachdan sin a' gabhail àite thar ùine nas giorra de 2 mhios agus dh'fhaodadh iad a bhith eadar Cèitean – Ògmhios 2022 no Faoilleach – Gearran 2023. Tha e an urra ris an neach-ealain mar a chleachdas iad an dà sheachdain aca (ceala-deug, no làithean air leth tron 2 mhios). Bidh cothrom aig a' chòmhnaidheachd seo air an obair a roinn le co-thagraichean.

Dèan tagradh airson seo ma tha thu a' coimhead airson còmhnaidheachd a tha gad chuideachadh a' rannsachadh do dh'ealantais, bheachdan agus am

pròiseas an lùib dèanamh obrach. Dh'fhaodadh seo a bhith airson rannsachadh a dhèanamh a thaobh obair ùr, leasachadh nan ciad bheachdan leat fhèin / le co-obraichean agus / no a' cleachdadh na h-ùine gus do mhodh-obrach a leasachadh.

**Leasaich:** Tha na còmhnaidheachdan sin a' cuimseachadh air leasachadh beachd-smuain no pròiseact ùr. Tha seo airson neach-ealain air leth, cruinneachadh de luchd-ealain, no àite ainmichte do chompanaidh agus buidseat gus beachd-smuain no pròiseact a leasachadh chun na ciad ìre dreach. Thig gach còmhnaidheachd sin gu crìch le roinn – a' mheud aige a dh'fhaodar a dhearbhadh le taic fhaotainn. Buidseat de £20,000 do thuarastal a' phrìomh neach-ealain (stèidhichte air 6 seachdainean de an ùine), cìsean co-obrachaidh, cosgaisean pròiseict agus stuthan. Bidh na còmhnaidheachdan sin a' gabhail àite thar 6 mìosan aig a' char as lugha, agus bu chòir dhaibh tachairt eadar luchar 2022 – Màrt 2023.

Dèan tagradh airson seo ma tha thu a' coimhead ri do bheachd-smuain airson obair ùr a leasachadh le goireas, rannsachadh agus ùine leasachaidh ainmichte. Dh'fhaodadh seo a bhith airson leasachadh do phròiseact gu ìre far am faodadh tu a roinn le prògramaichean, luchd-adhartachaidh no riochdairean. Dh'fhaodadh e a bhith cuideachd mu dheidhinn deuchainneadh bheachdan agus phròiseasan a dh'fheumar a rannsachadh mus bi an obair deiseil airson ìre ruithean-thairis agus riochdachaidh.

**Còmhnaidheachdan uile:** Obraichidh sinn leis an luchd-ealain gus an còmhnaidheachd a fhreagradh do am feumalachdan, agus na tha iad airson a rannsachadh agus a leasachadh. Rè 2022 – 23, bidh amannan ann do luchd-ealain ceangal a dhèanamh ri chèile taobh a-muigh an ùine stiudio 2 no 6 seachdainean. Aig gach còmhnaidheachd, bidh:

- cothrom air farsaingeachd ruith-thairis - aig Rockvilla ann an Glaschu no àite ionadail eile don neach/luchd-ealain.
- 1-2-1 gus cuimseachadh air na h-ath cheummanan airson leasachadh na h-obrach (a' gabhail a-steach riochdachadh agus taic dràmach).
- taic teicnigeach.
- cothroman a dh'aon ghnòthaich leithid tadhalan pròiseis gu ruithean-thairis nan riochdachaidhean.
- seiseanan le sgioba obrach Theatar Nàiseanta na h-Alba (a dh'fhaodadh margaideachd is meadhanan, togail-airgid, tursan, conaltradh, a chòmhdach).
- coinneachadh rinn aig deireadh na còmhnaidheachd gus na h-ath cheummanan a dh'fhaodadh a bhith an lùib na h-obrach a rannsachadh.

- Taic buidseit air leth gu sònraichte airson feumalachdan ruigsinneachd fa leth. Faodar seiseanan 1-2-1 a chleachdadh mar thaic do aithris ruigsinneachd a chruthachadh – sgrìobhainn a dh’fhaodar an uair sin a roinn le co-obraichean eile san àm ri teachd.

## Pròiseas Tagraidh

### Còmhnaidheachdan Lorg - 1 Chuairt – Foirm Tagraidh

Thèid luchd-ealain Lorg a thaghadh bho na tagraidhean a thàinig a-steach, le pannal luchd-ealain neo-cheangailte agus sgioba NTS.

### Còmhnaidheachdan Leasaich - 2 Chuairt - Cuairt 1: Nochdadh Ùidh - Cuairt 2: Cuireadh do luchd-ealain air a’ gheàrr-liosta gu tagradh a chur a-steach.

Gheibh luchd-ealain air a’ gheàrr-liosta taic ann an sgrìobhadh tagradh Cuairt 2 le tuarastal de £130.00 agus coinneamh 1 uair a thìde leis an sgioba leasachaidh luchd-ealain.

#### Loidhne-tìm:

<b>LORG</b>	
Faoilleach 2022	An tagradh beò
Màrt 13 <sup>mh</sup> 2022 aig 11.59f	Ceann-latha an tagraidh
Màrt 2022	Pannal a’ coinneachadh ‘s a’ taghadh an luchd-ealain Fios gu an luchd-ealain mun bhuil.
Cèitean – Ògmhios 2022	4 Còmhnaidheachdan Luchd-ealain
Faoilleach – Gearran 2023	4 Còmhnaidheachdan Luchd-ealain

<b>LEASAICH</b>	
Faoilleach 2022	An tagradh beò
Màrt 21 <sup>mh</sup> 2022 aig 11.59f	Ceann-latha Nochdadh Ùidh
Màrt 2022	Pannal a’ coinneachadh ‘s a’ tarraing geàrr-liosta
Giblean 2022	Coinneamhan 1 uair a thìde aig 10 -12 Luchd-ealain Geàrr-liosta gus deasbad air an tagradh.
Tràth sa Chèitean 2022	Ceann-latha tagraidh deireannach do luchd-ealain geàrr-liosta.
Meadhan a’ Chèitein 2022	Pannal a’ coinneachadh ‘s a’ taghadh an luchd-ealain Fios gu an luchd-ealain mun bhuil.
Iuchar 2022 - Màrt 2023	4 Còmhnaidheachdan Luchd-ealain

Tha am pannal air a dhèanamh suas de luchd-obrach Theatar Nàiseanta na h-Alba a bharrachd air luchd-cruthachaidh neo-cheangailte. Nì sinn measadh air mar a tha sibh air na ceistean a fhreagairt agus cleachdaidh sinn sgèile a dh'fhaicinn dè cho fiosraichte 's a tha ur freagairtean. Cleachdaidh sinn pròiseas co-dhùnaidh cho-aontaichte far an dèan sinn deasbad agus co-dhùnaidhean còmhla – seach 1 neach a' dèanamh a' cho-dhùnaidh dheireannaich. Tha am pannal a' coimhead airson dà phrìomh chuspair:

1. mar a tha do bheachd-smuain agus do phròiseact a' freagairt do na prìomhachasan prògram agus ma tha seo ann an dòigh ùr-ghnàthach no inntinneach,
2. mar a chomasaicheas a' chòmhnaidheachd seo dhut amasan ùra a thoirt gu buil don phròiseact agus don dreuchd-beatha agad a' dol air adhart.

### **Ùidh agad airson tagradh?**

Dèan tagradh air-loidhne tro Submittable. Gheibhear mion-fhiosrachadh air an làrach-lìn.

Nam bu mhath leat tagradh tro bhidio no siostam èisteachd, faic na ceistean gu h-ìosal.

Nam bu mhath leat tagradh nad chànan dùthchasach, cuir fios thugainn mus cuir thu a-steach do thagraidh gus ar comasachadh air eadar-theangair a dhearbhadh.

Ma bhios tuilleadh taic a dhìth ort a' cur tagradh a-steach, cuir fios thugainn tron phost-d gu h-ìosal.

### **Ceist agad?**

Thig a-steach gu **Seiminear-loidhne Zoom air Dimàirt 22<sup>mh</sup> Gearran 2022** far an urrainn dhuinn ceistean sam bith a fhreagairt. Mura h-eil sin comasach, bidh an clàradh ri fhaotainn às dèidh an tachartais. Clàraich air an liosta puist leasachaidh luchd-ealain againn [an seo](#) gus fios fhaighinn nuair a bhios seo ri fhaotainn.

Gheibh luchd-frithealaidh an ceangal chun an tachartais seo 1 uair a thìde ron tachartas a bhith a' tòiseachadh. Dùinidh clàradh aig 11.00m. Cha bhi brisidhean sam bith tron tachartas seo, ach bidh camara dheth aig gach neach-frithealaidh. Bidh eadar-mhìneachadh BSL agus fo-thiotalain ann am Beurla ri fhaotainn aig an tachartas.

Faodaidh tu do cheistean a chur ro-làimh gun seiminear-loidhne aig [artistresidency@nationaltheatrescotland.com](mailto:artistresidency@nationaltheatrescotland.com) no bidh cothrom agad ceistean a chur aig an t-seisean.

**Ceistean Còmhnaidheachd Luchd-ealain Lorg**

1. **Innis dhuinn mud dheidhinn fhèin agus mar a bhios tu ag obair?** (100 facal) suas ri 1.5 mionaid air bhidio no claisneach.
2. **Innis dhuinn mun bheachd-smuain no mun phròiseact a tha thu airson a leasachadh?** (300 - 500 facal) suas ri 5-8 mionaidean air bhidio no modh-èisteachd.
3. **Innis dhuinn mar a tha do mholadh a' freagairt air aon no gin de ar prìomhachasan?** (200 - 400 facal) suas ri 4-6 mionaidean air bhidio no modh-èisteachd.
4. **Nan deigheadh an t-airgead seo a bhuileachadh ort, innis dhuinn mar a chosgadh tu e gus na tha thu ag iarraidh a choileanadh?** (Thoir an aire, tron chòmhnaidheachd bidh sinn ag obair còmhla riut gus do bhuidseat a shuidheachadh agus a stiùireadh) (200 – 400 facal) no suas ri 4 -6 mionaidean air bhidio no modh-èisteachd.
5. **Càite a bheil thu stèidhichte ann an Alba?** (clàr-innse an ùghdarrais ionadail air Submittable) suas ri 1 mhionaid air bhidio no modh-èisteachd. .
6. **Cuir tiog an seo ma tha thu toilichte do dhearbh-aithne innse dhuinn mar a bhith:**
  - Dubh, Donn, Daoine de Dhath, diaspora Afraganach, diaspora Cairibianach, diaspora Àisia an Ear, diaspora Ear-Dheas Àisia, diaspora Àisia a Deas, diaspora Àisia an Iar agus an Ear Mheadhanaich, Latinx, Tùsanaich, dà-chinnidheach / ioma-dhualchas.
  - bho ghnèithean iomallaichte, a' gabhail a-steach boireannaich, fir tar-ghnèitheach, neo-bhinearaidh, neo-ghèilleadh gnè, dà-spioradach, neo-ghnèitheach, gnè sùbailte. A thuilleadh air daoine bho ghnèithean is gnèitheachd iomallaichte; a' gabhail a-steach daoine eadar-ghnèitheach, agus buill sam bith eile den choimhearsnachd LGBTQIA+
  - ciorramach, bodhar, niùro-iomsgarach, agus/no bho eòlasan co-cheangailte a' gabhail a-steach tinneas maireannach agus droch shlàinte inntinn.
  - bho fhàrdaich air teachd-a-steach ìosal.

*Tha sinn a' prìomhachadh thagraidhean bho luchd-ealain aig a bheil eòlas air às-dhùnadh agus iomallachadh.*

*Ma tha thu a' cur a-steach bhidio no modh-èisteachd, faodaidh tu a ràdh, "Tha, tha mi ag aithneachadh mar a bhith bho aon no barrachd de na buidhnean air an liosta" no "Chan eil mi ag aithneachadh mar a bhith bho aon no barrachd de na buidhnean air an liosta" no "B' fheàrr leam gun a ràdh".*

7. **Cuin a b' urrainn dhut do chòmhnaidheachd a dhèanamh?** Ainmich aon no an dà roghainn: Cèitean - Ògmhios 2022 / Faoilleach – Gearran 2023
8. **Stuth Taic** – cuir a-steach suas ri 4 pìosan de stuth taic agus do CV. Ma tha làrach-lìn agad no àrd-ùrlar mheadhanan sòisealta a bu mhath leat sinn fhaicinn, roinn e gu h-ìosal. Faodaidh na leanas a bhith am measg stuthan taic: naidheachdan ceangail, bhidiothan (gun a bhith barrachd na 10 mionaidean gu h-iomlan), dealbhan, às-earrann den sgrìobhadh agad?
9. **D' fhiosrachadh conaltraidh**
  - Àireamh fòn
  - Seòladh puist-d
  - Na modhan conaltraidh as fheàrr leat:

Cuiridh sinn post-d gu tagraichean uile leis an toradh aca. Thèid fios a chur gu tagraichean soirbheachail agus gheibh iad cuireadh gu coinneamh a dheasbad air a' phròiseact aca agus taic sam bith a tha riatanach.

Aig an ìre seo, a bheil nì sam bith a bharrachd a bu mhath leat innse dhuinn a thaobh modh conaltraidh leat agus feumalachdan sam bith a th' agad ris am faodadh sinn taic a chur? Faodaidh tu pàipearachd ruigsinneachd sam bith a luchdachadh suas (leithid aithris ruigsinneachd, aithris chothroman no Plana Taic Cosnaidh), ach bidh cothrom agad seo a roinn leinn aig àm eile nuair a bhios tu air do thaghadh san dòigh as fheàrr leat.

## Còmhnaidheachd Luchd-ealain Leasaich: Ìre 1 - Ceistean mu Nochdadh Ùidh

1. **Innis dhuinn mud dheidhinn fhèin agus mar a bhios tu ag obair? (100 facal) suas ri 1.5 mionaid air bhidio no modh-èisteachd.**
2. **Innis dhuinn mun bheachd-smuain no mun phròiseact a tha thu airson a leasachadh? (300 - 500 facal) suas ri 5-8 mionaidean air bhidio no modh-èisteachd.**
3. **Innis dhuinn mar a tha do mholadh a' freagairt do aon no gin de ar prìomhachasan? (200 - 400 facal) suas ri 4-6 mionaidean air bhidio no modh-èisteachd.**
4. **Càite a bheil thu stèidhichte ann an Alba? Suas ri 1 mhionaid ann a' bhidio no modh-èisteachd.**

### **Cuir tiog an seo ma tha thu toilichte do dhearbh-aithne innse dhuinn mar a bhith:**

- Dubh, Donn, Daoine de Dhath, diaspora Afraganach, diaspora Cairibianach, diaspora Àisia an Ear, diaspora Ear-Dheas Àisia, diaspora Àisia a Deas, diaspora Àisia an Iar agus an Ear Mheadhanaich, Latinx, Tùsanaich, dà-chinnidheach / ioma-dhualchas.
- bho ghnèithean iomallaichte, a' gabhail a-steach boireannaich, fir tar-ghnèitheach, neo-bhinearaidh, neo-ghèilleadh gnè, dà-sporadach, neo-ghnèitheach, gnè sùbailte. A thuilleadh air daoine bho ghnèithean is gnèitheachd iomallaichte; a' gabhail a-steach daoine eadar-ghnèitheach, agus buill sam bith eile den choimhearsnachd LGBTQIA+
- ciorramach, bodhar, niùro-iomsgarach, agus/no bho eòlasan co-cheangailte a' gabhail a-steach tinneas maireannach agus droch shlàinte inntinn.
- bho fhàrdaich air teachd-a-steach ìosal.

*Tha sinn a' prìomhachadh thagraidhean bho luchd-ealain aig a bheil eòlas air às-dhùnadh agus iomallachadh.*

*Ma tha thu a' cur a-steach bhidio no claisneach, faodaidh tu a ràdh, "Tha, tha mi ag aithneachadh mar a bhith bho aon no barrachd de na buidhnean air an liosta" no "Chan eil mi ag aithneachadh mar a bhith bho aon no barrachd de na buidhnean air an liosta" no "B' fheàrr leam gun a ràdh".*

**Stuth Taic** – cuir a-steach suas ri 4 pìosan de stuth taic agus do CV. Ma tha làrach-lìn agad no àrd-ùrlar mheadhanan sòisealta a bu mhath leat sinn fhaicinn, roinn e gu h-ìosal. Faodaidh na leanas a bhith am measg stuthan taic: naidheachdan ceangail, bhidiothan (gun a bhith barrachd na 5 mionaidean gu h-iomlan), dealbhan, às-earrann den sgrìobhadh agad?

### **10. D' fhiosrachadh conaltraidh**

- Àireamh fòn
- Seòladh puist-d
- Na modhan conaltraidh as fheàrr leat
- Cuiridh sinn post-d gu tagraichean uile leis an toradh. Thèid fios a chur gu tagraichean soirbheachail agus gheibh iad cuireadh gu coinneamh a dheasbad air a' phròiseact aca agus taic sam bith a tha riatanach.
- Aig an ìre seo, a bheil nì sam bith a bharrachd a bu mhath leat innse dhuinn a thaobh modh conaltraidh leat agus feumalachdan sam bith a th' agad ris am faodadh sinn taic a chur? Faodaidh tu pàipearachd ruigsinneachd sam bith a luchdachadh suas (leithid rider ruigsinneachd, aithris chothroman no Plana Taic Cosnaidh), ach bidh cothrom agad seo a roinn leinn aig àm eile nuair a bhios tu air do thaghadh san dòigh as fheàrr leat.

## **WORK? US ABOUT YOU AND HOW YOU MAKE E WORK?**

### **Ceistean Bitheanta**

#### **Ceistean mun Fhoirm Tagraidh, Airidheachd agus am Pròiseas Tagraidh**

##### **1. Innis dhuinn mud dheidhinn fhèin agus mar a bhios tu ag obair?**

Innis dhuinn mu dheidhinn na tha thu a' dèanamh an seo (i.e. dràmadair, stiùiriche, stiùiriche dannsa etc), agus innis dhuinn mun t-seòrsa obrach a tha thu a' dèanamh – faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach nithean mar dèanamh theatar ciùil, gnìomhadh fèin-eachdraidheil freagarrach do làrach, obair a' freagairt do thèama shònraichte etc.

##### **Innis dhuinn mun bheachd-smuain no mun phròiseact a tha thu airson a leasachadh?**

Tha fios againn gun ceadaich a' chòmhnaidheachd seo dhut do bheachd a rannsachadh barrachd, tha a' cheist seo ga cur agus mar sin faodaidh tu innse dhuinn na tha thu an dòchas a rannsachadh no a dhèanamh rè fad do chòmhnaidheachd.

##### **Nan deigheadh an t-airgead seo a bhuileachadh ort, innis dhuinn mar a chosgadh tu e agus na tha thu ag iarraidh a choileanadh?**

Obraichidh sinn còmhla riut a' stiùireadh do bhuidseat agus nas urrainn dhut a dhèanamh leis a' ghoireas ionmhasail. An seo tha ùidh againn air faicinn cò air a chosgas tu an t-airgead i.e. do thuarastal, stuthan, co-obraichean etc. Tha sinn air ìrean tuarastail a shuidheachadh a tha sinn a' sùileachadh dhut fhèin a phàigheadh agus co-obraichean sam bith. Obraichidh sinn còmhla ri luchd-ealain air an còmhnaidheachd a bhuidseatadh leis na h-ìrean cleachdaidh as fheàrr a th' againn. Is e £130 an ìre làitheil bunaiteach do neach-ealain.

##### **2. Cò tha air a' phannal?**

Is e am pannal de luchd-cruthachaidh bhon taobh a-muigh:

Lesley Anne Rose

May Sumbwanyambe

Raisah Ahmed

Rosie Priest

Sandra Alland

Is e am pannal a-staigh :

Caroline Newall – Stiùiriche Leasachaidh Ealanta

Jackie Wylie – Stiùiriche Ealanta

Nelly Kelly – Co-òrdanaiche Leasachaidh Luchd-ealain

Paul Fitzpatrick – Stiùiriche Conaltraidh Cruithachail

Rhea Lewis – Riochdaire Leasachaidh Luchd-ealain

**3. Airidheachd: Dè tha thu a' ciallachadh le “cò aige bha còrr air 3 obraichean a chaidh a choimiseanadh agus a bha làn mhaoinichte – le ionad-cruinneachaidh no companaidh bho a' chiad ìre leasachaidh gu riochdachadh proifeiseanta air a thaisbeanadh air prìomh àrd-ùrlar”?**

Bidh sinn a' cleachdadh sgèile prìomh àrd-ùrlair a thaobh riochdachadh a tha air a thaisbeanadh ann an ionad-cruinneachaidh le luchd-èisteachd de 250+ le ruith de co-dhiù 1 seachdain ann an gnìomhadh a tha maoinichte gu proifeiseanta. Tha seo cuideachd a' toirt iomradh air riochdachaidhean a fhuair coimiseanadh bho ionad-cruinneachaidh no companaidh bhon chiad ìre leasachaidh troimhe gu riochdachadh proifeiseanta.

**4. Airidheachd: Didseatach / Air-loidhne**

Tha na còmhnaidheachdan sin do luchd-ealain a tha ag obair le meadhanan didseatach agus ag iarraidh obair a dhèanamh ann an cruth didseatach. Tha seo cuideachd do gnìomhadh agus luchd-dèanamh theatar a tha airson teicneòlasan a chleachdadh agus/no an cuid obrach a thaisbeanadh ann an co-theacsaichean didseatach agus air-loidhne.

**5. Cunntas fhacail agus fad fhreagairtean**

Feuch gun cleachd thu an àireamh fhacail agus fad ùine mar iùil airson bhidio agus tagraidhean claisneach. Chan fheum thu an ùine as fhaide no an cunntas fhacail a chleachdadh, chan eil annta ach tuairmsean. Tha na cuibhreachaidhean fhacail sin do cheistean is freagairtean stèidhichte air Beurla sgrìobhte. Tha sinn a' tuigsinn gum faod cuid de fhreagairtean a thugadh ann an cruth diofraichte, a bhith feumach air barrachd fhacail no ùine na dh'fheumar do Bheurla sgrìobhte.

**6. Bu mhath leam còmhradh ri Theatar Nàiseanta na h-Alba mu phròiseact no beachd-smuain a th' agam.**

Tha sinn dealasach a thaobh obrachadh le agus taic a chur ri luchd-ealain na h-Alba air feadh na bliadhna, agus tha mòran dòighean sam faod thu conaltradh rinn mud obair!

Faodaidh luchd-ealain agus companaidhean beachd-smuain no dealbh-chluich a chur a-steach thugainn airson Rannsachadh is Leasachadh no beachdachadh air riochdachadh, aig àm sam bith. Airson tuilleadh fiosrachaidh agus ceanglaichean mu thagraidhean, tadhail air: <https://www.nationaltheatrescotland.com/for-artists/new-approaches>

Mura h-eil dàimh dèante agad rinn fhathast agus gum bu mhath leat sinn ceangal a dhèanamh riut, faodaidh tu fios a chur thugainn mu obair sam bith san amharc a dh'fhaodas sinn a fhrithealadh (a' gabhail a-steach obair a' dol air adhart, sgròban etc) le post-d a chur gu: [invitations@nationaltheatrescotland.com](mailto:invitations@nationaltheatrescotland.com)  
HER

**7. Tha ceist agam nach eil air an liosta seo**

Tha seiminear air-loidhne againn Dimàirt 22 Gearran aig am faod thu do cheistean fhaighneachd. Gus a fhrithealadh, [clàraich an seo.](#)



No faodaidh tu do cheist a chur air post-d gu [artistresidencies@nationaltheatrescotland.com](mailto:artistresidencies@nationaltheatrescotland.com)